

A' ruith buidheann Sradagan – teamplaidean & stiùireadh feumail

Clàr-innse

2. Liosta Gnìomh airson Seisean
- 3-4. Stiùireadh Slàinte & Sàbhailteachd
5. Riaghailtean Modh
6. A' planadh seisein (teamplaid)
- 7-8. Foirm-clàraidh (teamplaid)
- 9-10. Foirm àrachais Sradagan (teamplaid)
- 11-15. Bonn-stèidh Sradagan (teamplaid)

Running a Sradagan group – helpful templates & guidance

Contents

2. Sradagan session checklist
- 3-4. Health & Safety guidance
5. Code of Conduct
6. Sradagan session planner (template)
- 7-8. Child Registration Form (template)
- 9-10. Sradagan Insurance form (template)
- 11-15. Sradagan Constitution (template)

Liosta gnìomh airson Seisean Sradagan

MUSTÒISICHEAR

- Ullaich prògram na h-oidhche
- dèan cinnteach gu bheil luchd-cuideachaidh saor-thoileach eòlach air a' phrògram
- Deasaich an talla / uidheamachd
- Pasgan Ciad Cobhair – dèan cinnteach far a bheil e agus gu bheil uidheamachd gu leòr ann
- Liosta clàraidh, airgead a chruinneachadh

TRON SEISEAN

- Cùmaibh sùil air an ùine
- dèan cinnteach gu bheil gach leanabh a' gabhail compàirt anns na rudan a tha a' dol agus gu bheil iad a' faighinn taic bhon luchd-cuideachaidh
- thoir aire do dhòigh sam bith anns am faodar am prògram, uidheam agus eile a leasachadh

ÀS DÈIDH AN SEISEAN

- sgioblach an t-àite, cuir air faalbh uidheamachd
- thoir sùil an deach milleadh sam bith a dhèanamh air an togalach no air an uidheam, agus cùm cunntas air càil sam bith a tha feumach air càradh na air sùil a thoirt air
- cùm cunntas gach oidhche air an airgead a chaidh a chruinneachadh agus thoir an t-airgead don ionmhasair
- cuir sìos (no cuir dheth) na h-innealan blàthachaidh agus cuir às na solais
- dèan cinnteach gu bheil na dorsan air an glasadh agus gun tèid na h-iuchraichean a thilleadh dhan àite iomchaidh

Sradagan Session Checklist

BEFORE THE SESSION

- Plan a programme of activities
- Ensure that the volunteers are briefed about the programme
- Set up hall & equipment
- Check first Aid Kit – location & stock
- Take an attendance register, collect fees

DURING THE SESSION

- Monitor the timing of the activities
- Observe to make sure that all the children are taking part in the session and that they are being supported by volunteers
- Note possible ways of improving the programme activities, equipment etc.

AFTER THE SESSION

- Tidy hall, put away equipment
- Check the building and equipment (including first aid kit) for any damages, and note anything which requires repair or attention
- make out a nightly report of fees collected, and hand all monies to the treasurer
- turn down (or off) the heating and switch off all lights
- ensure that the premises are all locked up and that the keys are returned to their correct place

Slàinte & Sàbhailteachd

Feumaidh luchd-obrach air fad a bhith cinnteach gu bheil àrainneachd shlàn, shàbhailte aig a' chloinn tro gach seisean den bhuidheann. Feumaidh an co-mheas ceart de luchd-obrach mu choinneimh cloinne a bhith ann agus feumaidh dà inbheach air a' char as lugha a bhith daonnan an làthair. Feumaidh clàr a bhith air a chumail agus faisg air làimh fad na h-ùine.

Àireamhan de luchd-stiùiridh

A thaobh tachartasan/obair cùraim-chloinne clàraichte, tha an Coimisein Cùraim moladh nan àireamhan a leanas airson inbhich/clann:

- 1 inbheach airson gach 3 chloinne fo aois 2 bliadhna
- 1 inbheach airson gach 5 chloinne eadar 2 agus 3 bliadhna a dh'aois
- 1 inbheach airson gach 8 chloinne eadar 3 agus 8 bliadhna a dh'aois
- 1 inbheach airson gach 10 chloinne a tha 8 no nas sine
- 1 inbheach airson 1 phàiste nuair a tha feumalachdan sònraichte àraidh aca

Nota: Feumaidh co-dhiù dithis inbheach a bhith an làthair daonnan.

Sàbhailteachd san Togalach

Bu chòir sgrùdadh a dhèanamh air na togalaichean air fad gus dèanamh cinnteach gu bheil iad freagarrach. Am measg na thèid a dhearbhadh bithidh:

- Feumaidh measadh cunnairt a bhith ann
- an suidheachadh a thaobh a' chlann a bhith a' ruighinn agus a' falbh gu sàbhailte
- tèarainteachd an aghaidh a bhith a' faighinn a-steach don togalach gun chead agus a bhith a' cur casg air cloinn bho bhith a' fàgail an togalach gun inbheach còmhla riutha
- Feumaidh fòn a bhith san togalach no fòn-làimh le signal
- goireasan freagarrach a thaobh taighean-beaga & nithe làmhan
- geàrdan iomchaidh air teasadairean

Health & Safety

All staff should ensure a healthy and safe environment for children during each group session. The following ratio of staff to children must be provided and whatever the size of the group there must be a minimum of two adults present at all times. A record of attendance must be kept and readily available at all times.

Supervision Ratios

In relation to registered childcare activities, the Scottish Commission for the Regulation of Care (the Care Commission) advises the following adult: child ratios:

- 1 adult to 3 children under 2 years of age;
- 1 adult to 5 children for children between 2 and 3 years;
- 1 adult to 8 children for children between 3 and 7 years;
- 1 adult to 15 children for children between 8 and 16 years;
- 1 adult to 1 child where a child has certain special needs.

Note: Two adults to be in attendance at any one time

Venue Safety

Premises should be checked to ensure that they are suitable. These checks should include the following points:

- Health and Safety risk assessments must be carried out
- Arrangements for the safe arrival and departure of the children
- Security against unauthorised access to the building and prevention of children leaving the premises unattended
- There must be access to a telephone on the premises or a mobile phone with a signal
- adequate toilet and wash hand basin provision
- appropriate guards on heaters

- càradh an togalaich agus na uideamachd
- uidheamachd smàlaidh agus rud sam bith a dh'fhaodadh a bhith cunnartach a thaobh teine
- Feumaidh Bogsa Ciad-cobhair a bhith san togalach
- Cùram a thoirt a thaobh feumalachdan sònraichte

Eile

Is còir do bhuidhnean cumail ris na bun-tòimhsean Slàinte & Sàbhailteachd a leanas:

- feumaidh am biadh air fad a bhith air ullachadh agus air a stòradh gu sàbhailte
- na leig le cloinn a dhol don chidsin mur bi e sàbhailte sin a dhèanamh agus cha chòir gun tèid clann fhàgail uair sam bith gun inbheach cuide riutha
- feumar stuthan glanaidh, stuthan tocsaineach agus cungaidhean air fad a stòradh daonnan am broinn phreasan glaiste iomchaidh air falbh on chloinn
- feumar sùil a chumail air a' chluich a-muigh air fad agus an t-àite cluiche chumail saor o ghlainne bhrìste agus o sgudal cunnartach eile
- feumaidh miotagan dìonach a bhith rim faotainn don luchd-obrach agus feumar an cleachdadh nuair thathas a' suathadh fala no lionnaichean cuirp eile
- le còmh-dhail sam bith, feumar seathraichean a tha a' coimhead air aghaidh air fad le criosan-sàbhalaidd. Feumaidh a' chlann air fad na criosan-sàbhalaidd a chur orra. Feumar dearbhadh a dhèanamh air an àrachas air fad a thaobh a bheil urras freagarrach ann

Bu chòir cur-seachadan sam bith a tha a' gabhail àite taobh a-muigh àite-coinneachaidh na buidhne a bhith air am measadh gu cùramach ro làimh airson cinnt a dhèanamh gus cunnartan a sheachnadh neo a lùghdachadh agus clann a chumail fo stiùireadh fad na h-ùine.

Airson fiosrachadh a bharrachd, faic am Poileasaidh Dìon Chloinne slàn aig CnaG / Sradagan an seo:

- maintenance of premises and equipment
- fire equipment and any fire hazards
- There must be a First Aid box;
- Special needs must be appropriately catered for.

Other

Groups should comply with the following Health & Safety standards:

- all food must be hygienically prepared and stored
- Children should not be allowed access to the kitchen unless it is safe to do so and should never be left unattended
- all cleaning materials and toxic substances must at all times be stored within appropriate locked cupboards away from the children
- all outdoor play must be supervised and the play area kept free of broken glass and other dangerous litter
- protective gloves must be available to staff and used when wiping up blood or other body fluids
- all transport used should have all forward facing seats with seat-belts fitted. Seat-belts must be worn by all children. All insurance should be checked regarding appropriate cover

All activities undertaken away from the premises should be carefully risk assessed beforehand to ensure risks are either avoided or minimised and children supervised at all times.

For further detail. Please refer to the full CnaG / Sradagan Child Protection Policy at this link:

Riaghailtean Modh

Tha e an-còmhnaidh feumail ma bhios riaghailtean modh aig na buidhnean Sradagan, gus am bi àrainneachd shàbhailte agus toilichte ann dhan h-uile duine. Feumaidh mìneachadh a thoirt don òigridh a thaobh an ìre mhodh bu chòir dhaibh a bhith a leanntainn. Eiseamplar air riaghailtean bunaiteach:

- cleachdaidh sinn Gàidhlig fad na h-ùine aig Sradagan
- bithibh modhail dhan a h-uile duine
- bithibh coibhneil is cuideachail
- na fàg an togalach às aonais inbheach
- na bithibh a' sreap, a' seasamh no a' suidhe air na bùird
- nithibh ur làmhnan às dèidh a bhith aig an taigh-beag agus mus ith sibh

Code of Conduct

To ensure a safe and happy environment at Sradagan, it is useful for Sradagan groups to adopt a code of conduct and make sure that all children understand the behaviour that is expected of them. An example of ground rules could be:

- everyone should speak Gaelic to the best of their ability while at Sradagan
- use good manners
- be kind and helpful to everybody
- don't exit the building without an adult
- no climbing, standing or sitting on the tables
- always wash hands after going to the toilet and before eating snack

Sradagan – A’ Planadh Seisein (teamplaid)

Session Planner (template)

Cuspair an seisein <i>Session Theme</i>	Àite <i>Venue</i>	Uairean <i>Timings</i>	Uidheamachd <i>Equipment</i>	Luchd-stiùiridh + Inbhich <i>Leaders & other adults</i>	Cùisean Sàbhailteachd <i>Safety considerations</i>
Nollaig	Sgoil / talla?	1800-1930	• Ball mòr (bog) • Ball beag (bog) • Ròpa no mat • Paipear a4 • Washable peant / crayons • Pipe cleaners • Scrap fabric & card • Pva glue • Scissors	• Neach stiùiridh = • Neach cuideachaidh 1 • Neach cuideachaidh 2	
Uair <i>Time</i>	Cur-seachad <i>Activity</i>			Notaichean <i>Notes</i>	
1800	Fàilte, clàradh, gabhail airgead.				
1810	Musical statues				
1820	Turas le Bodach na Nollaig				
1830	Taghadh cia mheud suiteas a tha san tuba				
1840	Fois & sùgh				
1850	Paper Reindeer / coconut snowman				
1920	Sgioblaich an ealain				
1930	Dhachaigh				



English language form template available at this link: -----

Buidheann Sradagan:			
Name of Sradagan group:			

Ainm com-pàirtiche:

Gnè:

Seòladh:

Còd-puist:

Fòn taighe (pàrant): Fòn-làimhe pàrantan:

Seòladh post-dealain: (Pàrant)

Aois (aig àm clàraidh): Là-breith:

Sgoil: Dè a' bhliadhna-sgoile: (an dràsta)

Dearbh, le comharra sa bhocsa, gu bheil thu air leughadh 's gabhail ris na facail seo:

"Tha mi a' tuigsinn gur e buidheann Gàidhlig a th'ann an Sradagan agus gur i Gàidhlig a-mhàin an cànan a chleachdas mi fhad 's a tha mi aig Sradagan".

☐

N.B. Bithibh cinnteach gun lìon pàrant/neach-dìona am foirm cead a tha an luib seo.

Foirm-aonta phàrant/neach-dìona

Ainm phàrant/neach-dìona:

Bidh luchd-obrach le eòlas freagarrach os cionn gach cur-seachad. A bheil cur-seachad ann a b' fheàrr leibh nach biodh ur mac/nighean an sàs?

A bheil feumalachdan sònraichte aig ur mac/nighean a thaobh biadh (*innse dhuinn dè th' ann*)?

A bheil gnothach meidigeach sam bith aig ur mac/nighean a thaobh biadh (*innse dhuinn dè th' ann agus ma bhios iad a' gabhail leigheas no cùram shònraichte sam bith*)?

A bheil allergy sam bith aig ur mac/nighean a thaobh biadh (*innse dhuinn dè th' ann*)?

A bheil comas snàmh aig ur mac/nighean?

An d' fhuair ur mac/nighean cruaidh tetanus san deich bliadhna a chaidh seachad?

Ainm agus seòladh Dotair an teaghlaich:

Thoir dhuinn seòladh eile far am faigh sinn greim oirbh nam b' e 's gum feumadh ur mac/nighean tilleadh dhachaigh tràth air a dhubhar sam bith (*m.e. seòladh seann-phàrantan, teaghlaichean eile no caraidean*):

Àireamh fòn:

Tha mi a' toirt cead dha _____ a bhith an làthair aig Sradagan _____ agus a bhith an sàs anns na cur-seachadan (*ach a-mhàin iadsan a chaidh ainmeachadh gu h-àrd*). Tha mi ag aontachadh, nam bitheadh e a dhìth, gun toireadh cùram meidigeach èiginneach seachad **dha / dhi**. Tha mi cuideachd ag aontachadh gun tèid dealbhan agus bhideoan a tharraing agus an cleachdadh air làrach-lìn ChnaG agus stuthan thaisbeanaidh. Tha mi a' tuigsinn gun tèid mo sheòladh puist-d a chlàradh air liosta-sgaoilidh airson cur-seachadan Sradagan

Ainm-sgrìobhte: _____ Ceann-latha: ____/____/____

Ainm: _____

Foirm Clàraidh Comataidh & Arachais

Committee and Insurance registration form

Tha sinn feumach air an fhiosrachadh a leanas gus taic a chumail ri gach buidheann Sradagan. As aonais an fhiosrachaidh seo, chan fhaod sinn àrachas agus dìon a thoirt do bhuidheann Sradagan. Ma tha ceistean agaibh, cuiribh fòn thugainn air 01463-234138

We require the following information in order to provide support to Sradagan groups. We are unable to provide insurance cover or protection to Sradagan groups who have not provided this information. If you have any questions please contact us on 01463-234138

Buidheann Shradagan:

Sradagan Group:

Cathraiche - Chairperson	
Ainm – Name	
Seòladh – Address	
Post-d - Email	
Fòn – Phone	
Ionmhasair - Treasurer	
Ainm – Name	
Seòladh – Address	
Post-d - Email	
Fòn – Phone	
Rùnaire - Secretary	
Ainm – Name	
Seòladh – Address	
Post-d - Email	
Fòn – Phone	
Neach dìon-chloinne – Child protection officer	
Ainm – Name	
Seòladh – Address	
Post-d - Email	
Fòn – Phone	



Àite-coinneachaidh – Meeting Place	
Ainm – Name	
Seòladh – Address	
Post-d - Email	
Fòn – Phone	
Mun bhuidheann – About your group	
Àireamh chloinne Number of children	
Latha coinneachaidh Meeting day	
Uair coinneachaidh Meeting time	
Luchd-stiùiridh - Leaders	
Ainm – Name	
Seòladh – Address	
Post-d - Email	
Fòn – Phone	
Luchd-stiùiridh - Leaders	
Ainm – Name	
Seòladh – Address	
Post-d - Email	
Fòn – Phone	
Luchd-stiùiridh - Leaders	
Ainm – Name	
Seòladh – Address	
Post-d - Email	
Fòn – Phone	

Tha e riatanach gum bi am fiosrachadh seo aig Comunn na Gàidhlig airson àrachas na buidhne a chumail air dòigh.

It is of extreme importance for insurance purposes that you provide Comunn na Gàidhlig with all of this information.

Tha mi a' dearbhadh gu bheil foirm-clàraidh aig ar buidheann Sradagan do gach pàiste a bhios a' frithealadh na seiseanan Sradagan.

I confirm that our Sradagan group has a registration form for each child who attends the group.

Ainm-sgrìobhte: _____ Ceann-latha: ____/____/____

Ainm: _____

Ma tha ceistean sam bith agaibh cuiribh fios gu Comunn na Gàidhlig. *If you have any questions place contact Comunn na Gàidhlig.*

Bun-stèidh Ainm 1. 'S ean t-ainm a bhios air a' Bhuidheann (air ainmeachadh an seo mar "a' Bhuidheann"). Amasan 2. 'S e amas na buidhne a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig agus a cultar, gu h-àraidh am measg chloinne aois 5 -12, le bhith ag adhartachadh foghlaim agus a' toirt cothrom air goireasan, ann an seadh cùraim shòisealta, airson cur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig a chum gun tig leasachadh air an cànan agus caithe-beatha. Poileasaidh 3. Bidh a' Bhuidheann neo-eisimeileach a thaobh poileataics agus creideimh. Ballrachd 4.1. Faodaidh dann eadar còig agus dà bhliadhna dheug a bhith nam buill den Bhuidheann. 4.2. Bithidh a' Bhuidheann na buidhinn bhall de Chomunn na Gàidhlig agus/neo de bhuidhinn eile (mar bhuidheann Shradagan nàiseanta) mar a shònhraicheas Comunn na Gàidhlig. Comataidh 5.1. Bithidh a' Bhuidheann air a riaghladh le Comataidh Stiùiridh air am bi eadar còignear agus naoinear de phàrantan neo luchd dìon na doinne agus daoine eile a tha a' cur an gnìomh an taic don Bhuidhinn, agus a bhios air an taghadh gach bliadhna aig a' Choinneimh	Sradagan Constitution Name 1. <i>The name of the Club shall be (hereinafter called "the Club")</i> Aim 2. <i>The aim of the club is to promote the Gaelic language and culture, particularly among children aged between 5 - 12 years by advancing education and providing facilities in the interests of social welfare or recreation and leisure time activities through the medium of Gaelic so that their knowledge of the Gaelic language and conditions of life may be improved.</i> Policy 3. <i>The Club shall be non-party in politics and non-sectarian in religion.</i> Membership 4.1. <i>Membership of the Club shall be open to children between the ages of five and twelve years.</i> 4.2 <i>The Club shall be a member group of Comunn na Gàidhlig and/or such other body (i.e. a national Sradagan organisation when formed) as CNAG may determine.</i> Committee 5.1. <i>The activities of the Club shall be controlled by a Management Committee composed of between five and nine parents or guardians of such children and other persons who are actively supporting the Club elected annually at the Annual General Meeting.</i>
---	---

Bhliadhna. Taghaidh a' Chomataidh Cathraiche, Rùnaire, Ionmhasair agus oifigearan sam bith eile a tha iad den bheachd a bhitheas feumail.

5.2. Bidh comas aig a' Chomataidh Stiùiridh neach sam bith eile a thoirt air a' Chomataidh a tha iad a' smaoineachadh a bheir cuideachadh shònraichte dhaibh.

5.3. 'S e dleasdanas na Comataidh Stiùiridh a bhith a dealbh dhòighean anns an urrainnear amasan na Buidhne a chur an cèill, sùil a chumail air mar a tha a' Bhuidheann a' dol agus a bhith a' cuideachadh ann a bhith a' leasachadh 's a leudachadh obair na buidhne. 'S e dleasdanas na Comataidh cuideachadh còraichean nam ball a sheasamh le bhith a' sònrachadh àite coinneachaidh, stiùiridh agus ionmhais agus le bhith brosnachadh bhall agus am pàrantan gus pàirt a ghabhail ann an obair na Buidhne.

5.4. Bith an obair làitheil na Buidhne an urra ris a' Chomataidh Stiùiridh an co-bhuinn ris a' cheannard.

5.5. Coinnichidh a' Chomataidh airson dèiligeadh ri gnòthaichean na Buidhne cho tric 's a tha riatanach ach co-dhiù ceithir tursan sa bhliadhna. 'S e lìon-chomhairle coinneamhan na comataidh trìur bhall.

5.6. Leigidh Buill na Comataidh dhiubh an dreuchdan air a' Chomataidh gach bliadhna aig a' Choinneimh Bhliadhnail ach faodar an taghadh a rithist.

Ionmhas

The Committee shall appoint Chairperson, Secretary and Treasurer and other such officers as they deem necessary.

5.2. The Management Committee shall have power to co-opt as additional members such persons as in their opinion are able to render special service.

5.3. The duties of the Management Committee shall be to devise methods for achieving the objects of the Club and to exercise a general over-sight of its activities and to assist in the development and extension of these activities. It is also the responsibility of the committee to uphold the rights of the members by securing a meeting place, leadership and funding and by encouraging members and their parents to take part in the running of the Club.

5.4. The conduct and day to day running of general affairs of the Club shall be decided by the Management Committee in conjunction with the leader.

5.5. In order to deal with the business of the Club the Committee shall meet as often as necessary but at least four times annually. The quorum for Committee meetings is three committee members.

5.6. The Committee Members shall relinquish their posts each year at the Annual General Meeting but shall be eligible for re-election.

Finance

6.1. Feumaidh a' Chomataidh cinnt a dhèanamh gu bheilear a' cumail leabhraichean cunntais na Buidhne. Bu chòir gum bitheadh na leabhraichean sin air an sgrùdadh gach bliadhna agus air an cur fa chomhair Coinneamh Bhliadhnail na Buidhne. 6.2. Gabhaidh dithis de bhuill na Comataidh Stiùiridh uallach airson cunntas(an) banca na Buidhne fo ùghdarras na Comataidh Stiùiridh. Chan fhaodar aig àm sam bith ainm aon neach a mhàin a chleachdadh ann a bhith a' dèiligeadh ri cunntasan banca na Buidhne. A' Choinneamh Bhliadhnail 7.1. Cumar Coinneamh Bhliadhnail anns (mìos) gach bliadhna. Thèid fios gairm na coinneimh a sgaoileadh co-dhiù ceithir latha deug ron àm. 'S ean lìon comhairle airson na Coinneimh Bhliadhnail. 7.2. Cuiridh an Neach-cathrach aithisg fa chomhair na Coinneimh Bhliadhnail. 7.3. Thèid ìre na cìse airson doinne a tha a' frithealadh na Buidhne aontachadh aig a' Choinneimh Bhliadhnail. 7.4. Faodaidh a' Chomataidh Stiùiridh Coinneamh coitcheann sònraichte a ghairm aig àm sam bith agus sin le tagradh ris an cuir còignear bhall an ainm. Atharrachadh air a' Bhun-stèidh	<i>6.1. The Management Committee shall cause to be kept accounts of all moneys belonging to the Club and such accounts shall be audited annually and presented to the Annual General Meeting of the Club.</i> <i>6.2. Two members of the Management Committee shall operate the Club's bank account or bank account under mandate from the Management Committee. At no time may the signature of one member of the Management Committee be sufficient to operate the bank accounts of the Club.</i> <i>Annual General Meeting</i> <i>7.1. A General Meeting shall be held in the month of each year. Not less than fourteen days' notice of the meeting shall be given. The quorum for the Annual General Meeting shall be members.</i> <i>7.2. The Chairperson shall present a report to the Annual General Meeting.</i> <i>7.3. The attendance fees payable in respect of children attending the club shall be fixed by the Annual General Meeting.</i> <i>7.4. Special general meeting may be convened at any time by the Management Committee and shall be convened by them on receipt of a requisition signed by five members.</i> <i>Alteration</i>
--	---

8.1. Chan fhaodar am bun-stèidh seo atharrachadh ach le rùn ris an gabh dà thrian den Chomataidh agus na buill a tha an làthair aig Coinneimh Choitcheann agus sin le cead sgrìobhte bho Chomunn na Gàidhlig atharrachaidhean a thoirt gu buill.

8.2. Feumar fiosrachadh mu atharrachadh sam bith a thathar an dùil a mholadh a chur gu buill co-dhiù ceithir latha deug ron Choinneimh Choitcheann.

8.3. Cha tèid atharrachadh sam bith a dhèanamh air a' bhun-stèidh seo a dh' fhaodadh inbhe chathrannta, rùintean agus poiliseadh na Buidhne neo Chomunn na Gàidhlig a chur ann an cunnart.

8.4. Feumar daingneachadh ann an sgrìobhadh bho Chomunn na Gàidhlig mun tèid atharrachadh sam bith a thèid aontachadh a chur an gnìomh.

Sgaoileadh

9.1. Ma sgaoileas a' Bhuidheann air adhbhar sam bith thèid maoin na Buidhne a thoirt thairis do Chomunn na Gàidhlig an dèidh do fhiach na Buidhne a bhith air am pàigheadh.

9.2. Feumar dèiligeadh ri gluasad den t-seòrsa seo an taobh a staigh de bhliadhna an dèidh dhan Bhuidhinn a dhol ma sgaoil.

Chaidh gabhail ris a' bhun-stèidh seo aig
(coinneamh) a chumadh ann an(àite) air
.....(ceann latha).

8.1. This Constitution may only be altered by a resolution agreed by a two-thirds majority of the Management Committee and of the members in a General Meeting and subject at all times to approval in writing from Comunn na Gàidhlig prior to such approved alterations taking effect.

8.2. Information about any proposed alteration must be sent to members at least fourteen days before the General Meeting.

8.3. No alteration shall be made in this constitution which would prejudice the charitable status, aims and policy of the Club or of Comunn na Gàidhlig.

8.4. Approval in writing is requested from Comunn na Gàidhlig prior to any such alterations taking effect.

Dissolution

9.1. In the event of the Club being for any reason dissolved, the assets and funds of the Club shall be transferred to Comunn na Gàidhlig subject to the satisfaction of all debts and liabilities of the Club.

9.2. Such a transfer shall be completed within a year of the Club dissolving.

This Constitution was agreed by (Meeting), which was held at (place) on (date).



Dearbhte mar lethbhreac fhìor: Cathraiche: Ainm: Seòladh:..... Rùnaire: Ainm: Seòladh: Ionmhasair: Ainm: Seòladh:	<i>Certified as a true copy:</i> <i>Chairperson: Name:</i> <i>Address:</i> <i>.....</i> <i>Secretary: Name:</i> <i>Address:</i> <i>.....</i> <i>Treasurer: Name:</i> <i>Address:</i> <i>.....</i>
---	---



Sradagan
Dik. B. 2018